

Mamba

agus an t-eun-crogaill




Frances Usher • Stephen Lewis

Nota

Anns a' chànan Kiswahili, tha Mamba a' ciallachadh crogall. Tha Kiswahili air a bruidhinn ann an dùthchannan Afraganach mar Tanzania agus Kenya.

Mamba

agus an t-eun-crogaill



An teacsa Frances Usher
Na dealbhan Stephen Lewis
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Ann an Afraga bha abhainn àlainn.
Ri taobh na h-aibhne bha craobhan àrda
agus mòran feur gorm.
Anns an abhainn bha crogall beag,
Mamba, a' fuireach.

Aon latha agus Mamba a' snàmh
sìos an abhainn chunnaic i iasg.

SNIG!

rinn Mamba
ris an iasg.



An uair sin chunnaic
Mamba muile-mhàg.

SNAG!

rinn Mamba
ris a' mhuile-mhàig.



An uair sin chunnaic Mamba eun.


SNIG!

SNAG!

SNIG!

rinn Mamba
ris an eun.





“Na dèan sin idir, Mamba!” thuir
Mamaidh agus Dadaidh Crogall.
“Sin an t-eun-crogaill. ’S e caraid a
th’ ann. Na dèan sin idir air an
eun-crogaill.”



“Ach dh’ithinn e ann an aon ghrèim,
SNAG!” arsa Mamba. “Sguir, chan
fhaod thu sin a dhèanamh, Mamba,”
arsa Mamaidh Crogall.
“Seall air Dadaidh. Innsidh esan dhut
dè nì thu.”



Choimhead Mamba ri Dadaidh Crogall.
Chunnaic i e a' fosgladh a chraois mhòir.
Sgèith an t-eun a-steach na chraos.
"Tha Dadaidh ag ithe an eòin-crogaill," arsa
Mamba.
"Chan eil e," arsa Mamaidh. "Seall a-rithist."



An uair sin chunnaic Mamba dè bha an t-eun-
crogaill a' dèanamh. Bha e ag ithe nam bìdeagan
beaga bìdh a bha air fhaclan Dadaidh Crogall.
Cha do dh'ith Dadaidh Crogall an t-eun oir bha
e a' glanadh fhaclan dha.
"Tapadh leat eòin-crogaill," thuirt e.
"Nis Mamba, seall air Mamaidh."




Choimhead Mamba ri Mamaidh Crogall.
Chunnaic i ise a' fosgladh a craois mòir.
Sgèith an t-eun-crogaill a-steach agus ghlan
i fiaclan Mamaidh Crogall.
"Tapadh leat, eòin-crogaill," arsa Mamaidh.



"Nis fosgail fhèin do chraos," arsa Mamaidh ri
Mamba.
Dh'fhosgail Mamba a craos agus sgèith
an t-eun-crogaill a-steach.
Dhùin Mamba a beul le SNAG!




“Mamba! Fosgail do chraos a-nis,”
arsa Mamaidh Crogall.
Dh’fhosgail Mamba a craos agus sgèith an
t-eun a-mach cho luath ris a’ ghaoith.
“Chan eil mi ag iarraidh fiaclan glan agus
chan eil mi ag iarraidh eun-crogaill mar
charaid,” arsa Mamba.



Ach aon latha chunnaic Mamba sioraf ri
taobh na h-aibhne.
“Ciamar a tha thu Mamba?” dh’fhaighnich
an sioraf.
“Aobh! Aobh!” arsa Mamba.
“Tha m’ fhiacalan goirt.”
“Nach glan thu iad san
abhainn ma-thà,” ars an sioraf.
Dh’fheuch Mamba sin ach
bha a fhiaclan fhathast goirt.





Lean Mamba oirre sìos an abhainn.

Chunnaic i sìota air bruaich na h-aibhne.

“Ciamar a tha thu Mamba?” dh’fhaighnich an sìota.

“Aobh! Aobh!” arsa Mamba.

“Tha m’ fhiaclan goirt.”

“Nach suath thu iad air stoc craoibhe,” ars an sìota.

Dh’fheuch Mamba sin ach bha na fياclan fhathast goirt.



Lean Mamba oirre sìos an abhainn.

Thachair i ri each-aibhne an sin.

“Ciamar a tha thu Mamba?”

dh’fhaighnich an t-each-aibhne.

“Aobh! Aobh!” arsa Mamba.

“Tha m’ fhiaclan goirt.”

“Glan iad le bioran ma-thà,” ars an t-each-aibhne.

Dh’fheuch Mamba sin ach bha na fياclan fhathast goirt.





Lean Mamba oirre sìos an abhainn.
Bha i ag ràdh rithe fhèin nach robh a fhaclan goirt idir.
Ach cha do dh'obraich sin na bu mhotha.
Bha iad eagalach goirt.
Thug i an aire dhan eun-crogaill a' piocadh
gu h-àrd ann an craoibh.
"Ciamar a tha thu, Mamba?" dh'fhaighnich an t-eun.
"Aobh!" arsa Mamba. "Tha m' fhaclan goirt."



Sgèith an t-eun-crogaill sìos às a' chraoibh.
"Glanaidh mise d' fhaclan dhut," thuirt an t-eun,
"ach feuch nach ith thu mi."
"Chan ith gu dearbh," arsa Mamba.
Dh'fhosgail i a craos agus sgèith
an t-eun-crogaill a-steach.

Phioc an t-eun a h-uile fiacail a bha ann an
 craos Mamba agus bha iad cho glan ris an òr.
 Cha robh a fiacilan goirt an uair sin.
 “Tapadh leat,” arsa Mamba. “Nis tha mi
 a’ tuigsinn carson a tha an t-ainm
 eun-crogaill ort.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
 Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
 earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
 JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
 IBADAN PORTSMOUTH (NH) USA CHICAGO

© Frances Usher 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

Am foillseachadh seo sa Ghàidhlig 2003 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
 air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
 ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
 Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
 Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn

Tha Frances Usher a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh
 mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuaithe le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 617 1